

UISENIS POWER EARRANTA

ACHD AN DEALAIN 1989

ACHD DEALBHAI DH BAILE IS DÙTHCHA (ALBA) 1997

RIAGHLAIDHEAN OBRAICHEAN DEALAIN (MEASADH BUAI DH ÀRAINNEACHDAIL) 2017

RIAGHLAIDHEAN (IARRTASAN CEAD) DEALAIN 1990

Tha an sanas seo a' toirt fios gu bheil Uisenis Power Earranta, (àireamh clàraidh companaidh SC389045, seòladh clàraichte: 1 Cùirt Rutland, Dùn Èideann, Alba, EH3 8EY) air iarrtas a chur gu Ministearan na h-Alba airson cead fo Earrann 36 de dh'Àchd an Dealain 1989 a thaobh Tuathanas-gaoithe Uisenis a thogail agus obrachadh air fearann Oighreachd Eisgein, mu 20km an iar-dheas air Steòrnabhagh, ann an Eilean Leòdhais (Iomradh Clèithe Meadhain NB 31366 12772). Bhiodh comas aig an stèisean cumhachd a thathar a' moladh de chòrr is 50MW (mu 165MW), le 25 turbain – 22 turbain le àirde bho làr gu barr lainn de 200 meatair; agus 3 turbain le àirde bho làr gu barr lainn de 180 meatair. Tha an sgeama a thathar a' moladh na ath-dhealbhadh air sgeama Tuathanas-gaoithe Mhuaitheabhair a tha air cead fhaighinn, san robh 45 turbain (a' gabhail a-steach leudachaidhean gu deas is ear). Tha an sgeama a thathar a' moladh fo ùmhlachd Measadh Buaidh Àrainneachdail agus chaidh Aithisg Measadh Buaidh Àrainneachdail (EIA) ullachadh.

Tha Uisenis Power Earranta cuideachd air iarrtas a chur a-steach airson òrdan fo Earrann 57(2) de dh'Àchd Dealbhaidh Baile is Dùthcha (Alba) 1997 gun tèid a mheas gun deach cead dealbhaidh airson an sgeama a thoirt seachad.

Tha leth-bhreac den iarrtas, le plana a' sealltainn an fhearainn ris am buin e, agus leth-bhreac den Aithisg EIA a' beachdachadh air molaidhean Uisenis Power Earranta ann am barrachd doimhneachd agus a' sealltainn anailis air a' bhuidhe àrainneachdail, rim faighinn airson sgrùdadh le muintir a' phobail, an-asgaidh, rè uairean oifis àbhaisteach aig na h-àiteachan a leanas:

Ainm buidhne	Uairean fosglaidh àbhaisteach	Seòladh
Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Diluain, Dimàirt, Diardaoin: 9m gu 4.30f Diciadain: 10m gu 4.30f Dihaoine: 9m gu 4.00f	Togalach Comhairle nan Eilean Siar, Rathad Shanndabhaig, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2BW

agus tha e cuideachd ri fhaicinn anns na h-àiteachan a leanas, rè uairean fosglaidh nan goireasan sin:

Ainm buidhne	Uairean fosglaidh àbhaisteach	Seòladh
Comann Eachdraidh Cheann a' Loch	Diluain - Disathairne: 10m gu 4f	Comann Eachdraidh Cheann a' Loch, Ionad Coimhearsnachd, Baile Ailein, Eilean Leòdhais, HS2 9PN

Ainm buidhne	Uairean fosglaidh àbhaisteach	Seòladh
Comann Coimhearsnachd Cheann a Tuath nan Loch	Diciadain agus Dihaoine: 11m gu 3f	Comann Coimhearsnachd Cheann a Tuath nan Loch, Liùrbost, Eilean Leòdhais, HS2 9NU
Ainm buidhne	Uairean fosglaidh àbhaisteach	Seòladh
Ionad Coimhearsnachd Rubha an Fhithich	Diluain gu Disathairne: 11m gu 4.30f	Ceirsiadar, Ceann a Deas nan Loch, Eilean Leòdhais, HS2 9QA

Faodar an Aithisg EIA fhaicinn air an làrach-lìn ceadan lùtha (Àireamh Ref ECU: ECU00004568) aig www.energyconsents.scot no air làrach-lìn pròiseact an tagraiche: <https://eurowindenergy.com/uk/our-projects/uisenis-wind-farm>.

Faodar lethbhreac den Aithisg EIA fhaighinn bho SLR Consulting Earranta, Oifis 4.04, Clockwise Offices, Tùr Savoy, 77 Sràid Rinn Friù, Glaschu, G2 3BZ (Fòn: 07718 482 283) aig cosgais £1,400 gach lethbhreac pàipeir agus £15 air CD/DVD no USB. Gheibhear lethbhreac de gheàrr-chunntas goirid neo-theicnigeach an-asgaidh.

Faodar riochdachaidhean sam bith mun iarrtas a chur a-steach tro làrach-lìn Aonad Cead Lùtha Riaghaltas na h-Alba aig www.energyconsents.scot/Register.aspx; air post-d gu bogsa-puist an Aonad Cead Lùtha aig representations@gov.scot; no tron phost gu Riaghaltas na h-Alba, Aonad Cead Lùtha, 4mh Làr, 5 Cidhe a' Chuain Siar, 150 Broomielaw, Glaschu, G2 8LU, a' comharrachadh a' mholaidh agus a' sònrachadh adhbharan riochdachaidh. Thoiribh fa-near gur dòcha gum bi dàil ann nuair a gheibh an Aonad Cead Lùtha riochdachaidhean tron phost.

Bu chòir ceann-latha a bhith air riochdachaidhean gan cur tron phost no air post-d, ag innse gu soilleir ainm (ann an litrichean mòra), làn phost-d agus seòladh puist an fheadhainn a tha a' dèanamh riochdachaidhean. Is e dìreach riochdachaidhean a chuirear air post-d gu representations@gov.scot a gheibh fios-freagairt. Feumaidh gach riochdachadh a bhith a-staigh ro dheireadh Dihaoine 27 Dàmhair 2023, ged as dòcha gum beachdaicheadh Ministearan air riochdachaidhean a gheibhear às dèidh an latha seo.

Bidh fiosrachadh a bharrachd sam bith às dèidh sin a chuireas an luchd-leasachaidh a-steach an urra ri fios poblach a bharrachd san dòigh seo agus thèid gabhail ri riochdachaidhean don fhiosrachadh sin a rèir an fhios seo.

Mar thoradh air gearan reachdail bhon ùghdarras dealbhaidh iomchaidh, no far a bheil Ministearan na h-Alba a' co-dhùnadh gearan a dhèanamh, faodaidh Ministearan na h-Alba cuideachd Rannsachadh Ionadail Poblach (PLI) a chumail.

Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air an fhiosrachadh àrainneachdail, nì Ministearan na h-Alba co-dhùnadh mun iarrtas airson cead ann an aon de dhà dhòigh:

- Cead a thoirt don mholadh, le no às aonais chumhachan ceangailte; no
- Am moladh a dhiùltadh

Bidh Aonad Cead Lùtha Riaghaltas na h-Alba a' làimhseachadh iarrtasan fo Achd an Dealain 1989. Gus taic a chur ri follaiseachd ann an co-dhùnaidhean, bidh Riaghaltas na h-Alba a' foillseachadh riochdachaidhean air-loidhne aig www.energyconsents.scot. Tha sanas prìobhaideachd air fhoillseachadh air an duilleig cuideachaidh aig www.energyconsents.scot. Tha seo a' mìneachadh mar a bhios an t-Aonad Cead Lùtha a' làimhseachadh d' fhiosrachaidh phearsanta agus tha e a' toirt seachad dòigh conaltraidh airson ceistean no gearanan sam bith a thaobh mar a thathar a' làimhseachadh an dàta phearsanta agad.